



Na h-eòin is na bodaich bheaga



Tha aon de na buidhnean as annasaiche de dh'eòin-mara ann an Alba air a bhith a' tighinn beò air Eilean Rùm còrr is mìle bliadhna. Tha Andy Douse, bho bhuidhinn ghnèithean SNH, a' toirt tuairisgeul air beatha nan eun sònraichte



1
**Fachachan air a' mhuir,
 is Rùm air an cùlaibh.
 Tha na h-eòin a' tighinn
 beò air èisg bheaga
 chumanta, nam measg
 an sgadan, an seirdean
 agus an t-siolag.**

Is tu a' coiseachd ann am beanntan an Tèarmainn Nàdair Nàiseanta air Eilean Rùm as t-samhradh, chan fhaigh thu sgeul air eòin ach brù-gheal a' gabhail òran no iolaire-bhuidhe air sgèith os do chionn.

Ach fo do chasan, agus mar as trice sàmhach tron latha, tha aon de na buidhnean as motha de dh'eòin-mara ann an Alba aig tàmh. Gabh sgrìob anns na beanntan sin a dh'oidhche agus cluinnidh tu goirsinn uamhalta an fhachaich.

Mu do thimcheall, nochdaidh riochdan taibhseach às an dorchadas, uaireannan a' laigheadh, gu cearbach, mar chnap luaidhe. 'S ann mar seo a tha a' bhuidheann a' tighinn beò, ga nochdadh fhèin mar aon de na prìomh bhuidhnean eòin ann an Alba.

Tha fachachan air a bhith còrr is mìle bliadhna air Rùm, agus nas fhaide na sin, tha e coltach. Thathas a' creidsinn gur ann bho eòin na h-oidhche seo a fhuair

aon de na beanntan, Trollval, ainm.

Thathas a' creidsinn, ma dh'fhaoidte, nach robh luchd-còmhnaidh Lochlannach tràth an eilein eòlach air goirsinn an eòin agus, mar sin, cheangal iadsan a' bheinn ris na creideamhan a bha aca ann am beul-aithris Lochlannach mu bhodaich bheaga eagallach.

A dh'aindeoin cò às a thàinig an t-ainm, tha a' bhuidheann a' leigeil fhaicinn càite bheil iad leis gu bheil na h-eòin a tha a' tilleadh a' seinn. Tha an goirsinn a' toirt rabhadh dha na fachachan eile, a chur uairean agus, is dòcha, làithean seachad ann an toll fon talamh cho fada ri dhà no trì meatairean. Tha am fuaim air mac-meanmna sheòladairean a bhrosnachadh thairis air na linntean, is iad air tuairisgeul a thoirt air mar:

"... èigheachd cho eagallach is gun gabh a chluinntinn gu math fad às. Bidh iad ag innse dhut gu bheil na taighean a' crathadh mar thoradh air; agus gu bheil a h-uile beathach, chan ann mac-an-duine a-mhàin, fo eagal na fuaim."

Gu dearbh, le bhith a' rannsachadh seann chunntas sam bith, chithear gun robhas a' creidsinn gur ann olc is a bha am fachach. Bha sgrìobhadairean a' creidsinn gun robh anman nam mallachte beò annta, is bha 'eòin an Diabhail' aig feadhainn eile orra.

Ùine fo thalamh

Gu tric tron bhliadhna, tha na beanntan balbh a latha is a dh'oidhche. 'S ann anns a' Chèitean is a thilleas na h-eòin is iad a' sineadh ris na dachaighean fon talamh aca a ghlanadh, far an robh iad, is dòcha, a' gintinn anns na bliadhnaichean a dh'fhalbh. Chithear na fosglaidhean seo gu furasta. Is dòcha gum bi buachar ùr no ùir a chaidh a chladhadh bho chionn goirid annta.

Tha na h-eòin a' paidhreachadh agus ann am beagan làithean thathas a' breith aon ugh geal aig ceann na dachaigh fo thalamh. Às dèidh 50 latha, no mar sin, is an dà phàrant a' cumail an uighe blàth, tha aon isean liath clòimheach a' tighinn às an ugh. Thèid a bhiathadh leis an dà phàrant air iasg is rudan eile a ghlacas iad ann an cuairtean-iasgaich a mhaireas grunn

làithean. Bidh an t-isean fon talamh eadar mu 62 gu 76 làithean. Tha iad a' fàs nas truime is nas reamhaire, is iad fiù 's nas truime na a phàrantan.

'S ann aig an àm seo is a tha na pàrantan a' fàgail an isein. Tha e a' cumail air a' fàs is an t-iteach dubh is geal ainmeil a' tighinn gu ìre mus fàg e an talamh airson a' chiad uair. Tha seo an còmhnaidh a' tachairt air an oidhche is e a' sparradh an eòin a-steach gu saoghal làn shealgairean is cunnartan eile. Is toil le iolairan agus faoileagan mòra Rùma am fachach ithe. Ma bhios iad gan seachnadh, tha cunnartan eile a' feitheamh orra.

Ann an ceàrnaidhean den t-saoghal aca, bidh feadhainn a' coimhead air an fhachach mar ghoireas bidhe cudromach, mar a tha na rannan a leanas bho na h-Eileanan Fàro a' dèanamh soilleir. Chaidh na rannan seo a sheinn fhad 's a bha na h-iseanan gan spionadh às na dachaighean fo thalamh aca:

Inside you lie Manx shearwater chick grey in down.

Often we talk about you at home in the courtyard.

We have come to take and not to buy.

You must not leap away from us into the nook.

2
Tha mu 60,000 paidhir (23% de iomlan an t-saoghail air fad) a' gintinn air Rùm agus bidh aon isean a-mhàin aig gach paidhir. Tha iad sgapte air mullaich an eilein agus cho fad 's a tha fios chan eil gnè eile a' gintinn ann an àite cho àrd.

3
Tha sgiathan fada dìreach an fhachaich taghta fhèin airson a bhith a' sigheadh aig muir far am faicear e a' fiaradh os cionn na mara.

Chan eil fhios againn carson, ach tha solais a' tàladh iseanan an fhachaich. Ma dh'fhaoidte gu bheil e na chomharradh nach fhaic iad ach solas an fhosglaidh fhad 's a tha iad a' fàs fon talamh, is feumaidh iad a ghluasad ga ionnsaigh. Airson eòin Rùma, tha seo a' ciallachadh gun tig feadhainn dhiubh air tìr aig deireadh an Lùnastail is anns an t-Sultain ann am Malaig. Chaidh na ceudan dhiubh a lorg an sin, mus deach an comharrachadh is an tilleadh dhan mhuir.



Tursan iongantach

Is iad aig muir, tha na h-eòin, an dà chuid sean is òg, a' togail orra air aon de na h-imrichean as miorbhailiche ann an saoghal nam beathaichean. Bidh iad a' sgiathalachadh gu deas, tarsainn air a' Chuan Siar agus sìos cost' Ameireaga a Deas, a' dol cho fada gu deas ris na h-Eileanan Falkland. Tha iad an uair sin a' tilleadh ri taobh cost' Afraga agus tarsainn air a' Chuan Siar a-rithist air slighe imrich a tha coltach ri 'àireamh ochd'. Bidh iad a' dèanamh còrr is 22,000 km.

Tha am fiosrachadh seo air a bhith againn fad grunn bhliadhnaichean, mar thoradh air prògraman comharrachaidh. Tha leasachaidhean ùra, ge-tà, air cothrom a thoirt do luchd-rannsachaidh innealan beaga eileagtronaigeach - air a bheil geolocators - a cheangal ris na h-eòin. Tha iad ag aithneachadh is a' clàradh far a bheil an t-eun gu cunbhalach. Tha am fiosrachadh a gheibhear bho seo a-nis air solas ùr a chur air na gluasadan aca.

Bidh fachachan òga air imrich grunn bhliadhnaichean mus till iad gu buidheann ghinidh, ach ma dh'fhaoidte gum bi seo diofraichte bhon bhuidhinn às an tàinig iad. Gu bitheanta, bidh seo a' tachairt às dèidh dhaibh eadar ceithir is sia bliadhna a chur seachad aig muir. Chithear na h-eòin òga a' tilleadh a Rùm ann am meadhan an t-samhraidh, nuair a tha fèill air àite sàbhailte fon talamh is an fheadhainn òga a' lorg àite-ginidh. Cho luath 's a tha iad ann am paidhir, dh'fhaodadh gum bi fachach beò 50 bliadhna. Tha paidhrichean buailteach a bhith a' fuireach còmhla ri chèile, ach nuair a bhàsaicheas aon dhiubh bidh eòin a' lorg cèile ùr bho àm gu àm.

Tha am fachach aon de dh'eòin-mara as cumanta is as diomhaire na h-Alba, agus tha an t-uabhas ri ionnsachadh fhathast mun deidhinn. 'S e Rùm an daingneach aca, is bidh cuimhne agad air gu brath ma bhios tu a' tadhal air an eilean air an oidhche. Is cinnteach, ge-tà, nach cuir na cuimhneachan agads' eagal cho mòr ort is na fhiosraich luchd-tadhail tràth Rùma!

